

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Foghlam Gàidhlig: poileasaidh

Foghlam Gàidhlig: poileasaidh

3.1 Tha an **Curraicealam airson Sàr-mhathais** ag amas air a bhith a' toirt gu buil atharrachadh air foghlam ann an Alba le bhith a' tabhann curraicealam bho 3-18 a tha nas rianaile, nas sùbailte agus nas beartiche. Tha an curraicealam a' gabhail a-steach iomlanachd nam fèin-fhiosrachaidhean a th' air an dealbh airson na cloinne agus nan daoine òga ge bith càite a bheil iad air an oideachadh. Ann a bhith a' cur a' Churraicealam airson Sàr-mhathais an cèill feumaidh e leantainn air adhart gu fèin-fhiosrachaidhean de dh'àrd-chàileachd a thaobh a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig. Tha leasachadh nan ceithir chomasan cuideachd na fheart chudromach airson na Gàidhlig. Tha sinn ag oideachadh dhaoine òga gu bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail gus an coilean iad aig ìre cho àrd 's a ghabhas a bhith nan saoranaich chunntachail a bhios a' com-pàirteachadh ann 's a' cur gu h-èifeachdach ris a' chomann aca 's a bhith nan daoine òga misneachail is cinnteach asta fhèin aig a bheil sgilean, luachan agus comas cuideachadh a thoirt seachad.

3.2 Tha **Leasachadh Sgioba-obrach Òga na h-Alba** a' leantainn air adhart le bhith a' leasachadh na h-ìre as sine, *Insight* agus **Aontaichean Ghnìomhan 16 plus** a' toirt chothroman ùra do sgoiltean, colaistean, gnothachasan, Leasachadh Sgilean Alba a bhith a' co-obrachadh gu h-èifeachdach gus ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh le co-thàthadh bhon fhoghlam fharsaing choitcheann chun na h-ìre as sine. Tha an ìre as sine den Churraicealam airson Sàr-mhathais gu mòr an urra ri bhith ag obair ann an com-pàirteachas èifeachdach le raon de luchd-solair ann an raon de shuidheachaidhean ionnsachaidh. Tha dreuchd chudromach aig ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd agus aig an earrann obair-òigridh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad nan com-pàirtichean lìbhrigidh cudromach, a' tabhann chothroman luachmhor do dhaoine òga airson ionnsachadh is leasachadh pearsanta, anns an sgoil agus taobh a-muigh na sgoile.

3.3 Tha an aithisg **Ionnsachadh Cànan an Alba: Modh-obrach 1+2** a' cur an cèill frèam àrd-amasach airson a bhith a' lìbhrigeadh ionnsachadh cànan ann an sgoiltean na h-Alba. Tha i a' toirt dealbh air frèam airson ionnsachadh stèidhichte air a' chànan mhàthaireil agus air dà chànan a thuilleadh air sin san fhoghlam fharsaing choitcheann a bhios a' dol air adhart gu duaisean is teisteanasan aig an ìre as sine. Tha an dà chuid Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig teis-mheadhan an fhrèama seo.

3.4 Tha buidhnean-òigridh nam prìomh chom-pàirtichean ann a bhith a' toirt air adhart ionnsachadh airson seasmhachd, a bhios a' gabhail a-steach ionnsachadh a-muigh, foghlam leasachadh seasmhach agus saoranachd chruinneil. Tha an aithisg **Ionnsachadh airson Seasmhachd¹** ag amas air a bhith a' togail nan luachan, nam beachdan, an eòlais, nan sgilean 's a' mhisneachd a dh'fheumar gus cleachdaidhean a leasachadh agus a thighinn gu co-dhùnidhean a bhios co-fhreagarrach ri comann a tha seasmhach is co-ionann.

3.5 Tha fòcas aig **Ginealaichean ag Obair Còmhla²** air cleachdadh eadar-ghinealach a tha inghabhalach, a' togail air na stòrasan deimhinneach as urrainn do dhaoine òga is aosta a thoirt do chàch a chèile agus don choimhearsnachd san fharsaingeachd. Is urrainn do bhuidhnean

¹ [Ionnsachadh airson Seasmhachd](#) (Riaghaltas na h-Alba Dùbhlachd 2012)

² [Ginealaichean ag Obair Còmhla](#)

òigridh is do dhaoine òga barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig a chur air adhart eadar ghinealaichean agus a bhith a' cur ri bhith a' togail suas ionnsachadh a tha nas co-thàthaichte.

3.6 Tha am **Prògram airson Riaghladh (Samhain 2014)** aig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh dealas a thaobh a bhith a' leantainn air adhart a' toirt taic làidir don Ghàidhlig, tro thaic do dh'Fhoghlam Gàidhlig, do chraoladh Gàidhlig is do na h-ealain Ghàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gur e an t-aon dòigh air àm ri teachd a bhios seasmhach airson na Gàidhlig ann an Alba a dhèanamh tèarainte, a bhith a' meudachadh nan àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh a' chànan, agus tha àite cudromach aig Foghlam Gàidhlig gu sònraichte ann a bhith a' coileanadh an amais seo. Tha fàs misneachail air a bhith ann a thaobh na Gàidhlig aig ìre nan tràth bhliadhnaichean 's nam bun-sgoiltean ann an cuid de dh'àiteachan agus chlàr an Cunntas-sluaigh ann an 2011 meudachadh san àireamh de dhaoine òga eadar 3-19 a tha a' bruidhinn na Gàidhlig.

